

BUN-SGOIL TAOBH NA PÀIRCE
LITEARRACHD – PLANA LÀITHEIL
LITERACY – DAILY PLAN

*Diciadain 20mh den Fhaoilleach 2021 / Wednesday 20th
January 2021 / 20/1/21*

Litreachadh | Spelling

- Is urrainn dhomh eòlas air pàtrain, riaghailtean agus ro-innleachdan sìmplidh a chur gu feum le misneachd agus gu neo-eisimeileach airson faclan nach aithich mi litreachadh.
- Is urrainn dhomh faclan annasach a litreachadh ceart le misneachd ann am pìosan sgrìobhaidh nas fhaide.

Seal air na faclan litreachaidh Beurla agaibh. Tha mi air PowerPoint a chur suas agus tha mi ag iarraidh gun coimhead thu air an darna slide – an fhuaim ‘-wh’.

Dèan practas air d’ fhaclan ann an dòigh a thaghas tu fhèin – tha grid ann airson do chuideachadh le diofar bheachdan.

Ma tha thu a’ faireachdainn gu bheil na faclan sin ro dhoirbh tha mi air duilleag eile a chur suas leis a chanas ‘Super Spelling’ agus dh’ fhadoadh tu sin a chleachdadh.

- *I can confidently and independently apply knowledge of patterns, rules and strategies when spelling unknown words.*
- *I can confidently and accurately spell words used less often in extended writing tasks.*

Look at your English spelling words. I have uploaded a PowerPoint and for this week, I would like you to look at the second slide – the sound ‘-wh’.

Practise your words in a way of your choice – the grid is there to help you with ideas.

If you feel the words on the PowerPoint are too tricky I have uploaded a document called ‘Super Spelling’ which you may use instead.

Similarly, if you are finding the words too easy, please let me know and I will provide you with different ones.

Obair Litearrachd – Sgrìobhadh Literacy – Writing

Tha sinn ag ionnsachadh mu dheidhinn na feartan eadar-dhealaichte ann an aithisg pàipear-naidheachd.

- **’S urrainn dhomh:**
 - **mo notaichean a chleachdadh gus aithisg pàipear-naidheachd a chruthachadh**
 - **na feartan as cudromaiche aithneachadh (headline, byline, lead, body, tail)**
 - **Na feartan as cudromaiche a chleachdadh nuair a tha mi a’ sgrìobhadh an aithisg agam fhìn.**

Seall air am PowerPoint airson an-diugh agus lean na tha e ag ràdh. Bidh sinn a' sgrìobhadh aithisg, a' cleachdadh na notaichean a sgrìobh sinn an-dè.

We are learning about the different features of a newspaper article

- *I can use my notes to write a newspaper report*
- *I can recognise the most important features of a newspaper article*
- *I can use the most important features when creating my own article*

Look at the PowerPoint for today and follow what it says. We will be writing a newspaper report with the notes you made about Rosa Parks.

Leughadh Pearsanta | Personal Reading

Leugh do leabhar leughaidh pearsanta –
20 -30 mionaid

Do some personal reading for 20 – 30 minutes

NEO | OR

**Èisteachd is Làbhairt air TEAMS
Listening and Talking on TEAMS**